



NORRIE 'TAGO' MACIOMHAIR

9 - EALAIN CHRUTHACHAIL - EALAIN CHRUTHACHAIL

'S ann do Chàrlabhagh an Eilean Leòdhais a bhuineas an seinneadair/ sgrìobhaiche-ciùil Norrie 'Tago' MacIomhair, ged a tha e an-diugh a' fuireach ann am Fìobha an dèidh iomadach bliadhna air falbh bho dhachaigh.

Aig aois 15 chaidh àite a thabhann dha Norrie **aig Sgòil Chiùil na Gàidhealtachd sa Phloc**, far an do chuir e seachad trì bliadhna ag ionnsachadh bho chuid dhen luchd-ciùil a b' fheàrr an Alba.

Dh'fhàs Norrie an-àirde le iomadach seòrsa ciùil, ceòl dannsa/dùthchasach agus rog nam measg ach 's e an ùidh a tha aige ann an tuath cheòl a tha ri aithneachadh san stuth a tha e fhèin a' sgrìobhadh. **Tha na h-òrain aige ann an stoidhle ceòl dùthchail agus bha fiù 's Latha Math na òran ceòl dùthchail bho thùs.** Thug raon farsaing de sheinneadairean buaidh air bho leithid Runrig gu na h-Eagles agus Brad Paisley gu Darrell Scott.

Tha a ghnè fhèin de 'cheòl dùthchail Gàidhlig' air a chuideachadh gus luchd-leantainn a thàladh bho air feadh an t-saoghail, agus tha e air a bhith na chuideachadh dha gus loidhne a chur air na h-òrain airson a' chiad chlàr a rinn e leis fhèin.

Ghluais Norrie a Ghlaschu gus an RSAMD a fhrithealadh far an do cheumnaich e le urram ann **an 2009**. Fhad 's a bha e an Glaschu, b' e Norrie a' phrìomh sheinneadair anns a' chòmhlan Bodega, a bhuannaich iomadach duais, nam measg BBC 2 Radio 2 Young Folk Awards. **Thug seo cothrom don chòmhlan cluich aig cuid dhe na fèisean a bu mhotha san dùthaich, an Cambridge Folk Festival nam measg. Bhuannaich Bodega cuideachd Còmhlan Folk na Bliadhna aig Duaisean nan Trads aig MG Alba ann an 2008.**

Bho chaidh Norrie a Ghlaschu, tha e air a bhith a' seinn 's a' cluich air feadh an t-saoghail; Ameireaga, Canada, Astràilia, Coiria a Deas agus An Roinn Eòrpa nam measg.

Fhuair e cuideachd blas dhe bhith a' siubhal an Alba leis a' chòmhlan Skerryvore. Tha Norrie air iomadach clàr a chlàradh mar phrìomh sheinneadair cuide ri Bodega agus Mànran, agus tha e cuideachd air nochdadh mar


sheinneadair air aigheachd aig leithid Dàimh, Skippinish, Raonaid Walker agus Julie Fowlis.

'S ann ann an 2010 a thòisich Norrie na phrìomh sheinneadair le MÀNran, a choisinn cliù dhaibh fhèin leis an òran Latha Math a' tighinn a-mach air clàr singilte. B' e Norrie a sgrìobh an t-òran agus chaidh còig mìle dhiubh a reic anns a' chiad sheachdain air iTunes. **Anns an Dùbhlachd 2011 choisinn Norrie Seinneadair Gàidhlig na Bliadhna aig Duaisean nan Trads aig MG Alba.** B' e bliadhna shoirbheachail a bh' innte sin cuideachd do Mhànran a choisinn duais Clàr na Bliadhna air an aon oidhche. Mar bhall de Mhànran, bha Norrie air chuairt an iomadach àite air feadh na Roinn Eòrpa agus Aimeireaga a bharrachd air Breatainn.

Chaidh a' chiad chlàr a rinn e leis fhèin, Danns an Rathaid, a chur air bhog ann an 2014 bho bhratach fhèin, Tago Records. Cuide ris air a' chlàr bha feadhainn dhen luchd-ciùil a b' ainmeile an Alba, me Brian McAlpine, a riochdaich an clàr cuide ri Norrie agus Julie Fowlis. Tha cuid dhe na h-òrain a sgrìobh e fhèin air a' chlàr, a bharrachd air feadhainn air an do chuir e a dhreach fhèin.

Anns an Dùbhlachd 2015, cho-dhùin Norrie MÀNran fhàgail gus ùine a chosg air pròiseactan eile agus gus barrachd a dhèanamh air a cheann fhèin. **Anns a' Ghearran 2016,** chaidh Norrie cuide ri Skippinish mar a phrìomh sheinneadair aca.

LOIDHNE-TÌM



GEAMANNAN

GNÌOMHAN

Is urrainn dhomh agallamh a dhèanamh còmhla ri Norrie airson cur ri m' eòlas.

- Mar phàirt de bhuidheann beag, cruthaich liosta de cheistean a dh'fhaodainn fhaighneachd dha Norrie gus am bi tuigse nas fheàrr agam air a bheatha-obrach.
- Cuir na ceistean gu Norrie gu h-eileagtronaigeach airson agallamh a dhèanamh.



Erasmus+

CE PROJET A ÉTÉ FINANCÉ AVEC LE SOUTIEN DE LA COMMISSION EUROPÉENNE



ACPPG

Editions ACPPG